



Neo-eisimeileachd ann an Saoghal an Latha An-diugh

Nas beartaiche, nas toilichte, nas cothromaiche: Carson nach biodh Alba?

BUILDING A NEW
SCOTLAND



Geàrr-chunntas

Sa Chèitean 2021, bhòt muinntir na h-Alba airson mòr-chuid de Bhuill Pàrlamaid na h-Alba (BPA) a bha ag iarraidh reifreann air neo-eisimeileachd.

Tha Riaghaltas na h-Alba den bheachd gum bu chòir gur e roghainn fhiosraichte a nì daoine ann an reifreann.

Is e seo a' chiad phàipear ann an sreath a chaidh a dhealbhadh gus fiosrachadh a thoirt don deasbad mu àm ri teachd na h-Alba. Còmhla nì iad plana airson mar a dh'obraicheadh Alba neo-eisimeileach.

Tha am pàipear seo a' coimhead air coileanadh na Rìoghachd Aonaichte (RA) thar raon de thomhasan an coimeas ri dùthchannan eile san Roinn Eòrpa.

Tha an anailis stèidhichte air staitistig agus rannsachadh a chaidh fhoillseachadh le raon de bhuidhnean cliùiteach leithid na Buidhne airson Co-obrachadh agus Leasachadh Eaconamach (OECD) agus Oifis nan Staitistig Nàiseanta (ONS).

Faodaidh sinn an dàta seo a chleachdadh gus coimeas a dhèanamh eadar coileanadh na RA agus coileanadh grunn dhùthchannan Eòrpach. Canaidh sinn 'dùthchannan coimeasach' riutha. Is iad na dùthchannan an Ostair, a' Bheilg, an Danmhairg, Innis Tìle, Èirinn, an Fhionnlainn, an Òlaind, Nirribhidh, an t-Suain, agus an Eilbheis.

Seo na tha an dàta a' sealltainn:

- Tha na dùthchannan coimeasach uile nas beartiche – cuid tòrr nas beartiche – na an RA.
- Tha neo-ionannachd teachd a-steach nas ìsle anns a h-uile dùthaich choimeasach.
- Tha reataichean bochdainn nas ìsle anns a h-uile dùthaich choimeasach.
- Tha nas lugha de chlann beò ann am bochdainn anns na dùthchannan coimeasach gu lèir.
- Tha a' mhòr-chuid de dhùthchannan coimeasach nas toilichte na an RA.
- Tha gluasad sòisealta nas àirde anns a h-uile dùthaich choimeasach.
- Tha beàrn pàighidh gnè nas lugha anns a' mhòr-chuid de dhùthchannan coimeasach.



- Tha cinneasachd nas àirde anns na dùthchannan coimeasach uile – gu tric mòran nas àirde – na tha san RA.
- Tha tasgadh gnìomhachais buailteach a bhith nas àirde anns na dùthchannan coimeasach gu lèir.

Tha na dùthchannan neo-eisimeileach sin nas beartiche, nas toilichte agus nas cothromaiche.

Tha e coltach bhon fhianais gu bheil iad a' coileanadh builean nas fheàrr na tha Alba comasach air a choileanadh mar phàirt den RA an-dràsta.

Gun teagamh, cha b' urrainn do dh'Alba neo-eisimeileach a bhith air a h-atharrachadh sa bhad gus a bhith cho soirbheachail ris na dùthchannan Eòrpach seo.

Bidh soirbheachas Alba neo-eisimeilich an urra ri dè cho math 's a bhios na co-dhùnaidhean a nì i agus tàlant nan daoine a tha a' fuireach an seo.

Ach tha an fhianais a' nochdadh gu bheil feum air làn chumhachdan neo-eisimeileachd airson dùthaich a thogail as urrainn soirbheachadh eaconamach is sòisealta nan dùthchannan coimeasach a ruigsinn.

Bidh diofar bheachdan ann a thaobh dìreach mar a ghabhas adhartas a dhèanamh ann an Alba le làn chumhachdan neo-eisimeileachd, ach tha iad nan eisimpleirean de na roghainnean a tha rim faotainn.

Tha mòran stòrais aig Alba a tha a' ciallachadh gu bheil comas aice dèanamh nas fheàrr na tha i a' dèanamh an-dràsta. Tha sin a' gabhail a-steach còrr de lùth nàdarra, roinn bìdh is dighe sgoinneil, oilthighean aig an inbhe as àirde san t-saoghal, saothrachadh adhartach, dualchas nàdarra iongantach, agus dòigh-obrach a tha air thùs san t-saoghal a thaobh atharrachadh gnàth-shìde.

Ann an co-dhùnadh, tha Alba ann an deagh shuidheachadh airson ionnsachadh bho eòlas nàiseanan eile agus na cumhachdan a gheibheadh i tro neo-eisimeileachd a chleachdadh gus builean eaconamach, sòisealta agus àrainneachd a leasachadh gu mòr.

Mas urrainn do dhùthchannan coltach rithe a bhith soirbheachail, carson nach urrainn do dh'Alba neo-eisimeileach – leis an tàlant, na stòrasan, agus na buannachdan nàdarra a th' againn – a bhith soirbheachail cuideachd?

© Riaghaltas na h-Alba 2022

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, Ògmhios 2022.

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA
PPDAS1095222 (06/22)